

Dreach Geàrr-chunntas de choinneamh Bòrd Stiùiridh an t-Sabhail Mhòir a chaidh a cumail air Dihaoine 11 Sultain 2015 aig Sabhal Mòr Ostaig aig 1.00f

BUILL:	Catriona Dunn Sine Ghilleasbuig Sandy Jones (fòn)	Dùghall MacAmhlaigh Aonghas MacLeòid (Cathraiche) Aideen Ni Mhaille (VC)
AN LÀTHAIR:	Scott Anderson (Foghlam na h-Alba, bho 2.20 gu 3.00f) Iain Gòrdan (VC) Cairistiona NicCoinnich	Shona NicIlinnein (fòn) Iain Tormod MacLeòid Boyd Robasdan Donnie Rothach
LEISGEULAN:	Sheila Hamilton Art MacCarraig Aonghas MacCumhais Alasdair MacLeòid	Ruaraidh Iain MacLeòid Iain Moireasdan Máire Ni Annrachain Cairistiona Walker

PUING

GNÌOMH

1 FÀILTE

- 1.1 Leis nach robh Ruaraidh Iain an làthair, dh' aontaich Aonghas a bhith sa chathair agus chuir e fàilte air na buill agus na bha an làthair.

Chaidh iarraidh rionnag a chur ri puing 9.1

Chuireadh meal-a-naidheachd air Dòmhnall Angaidh agus Sarah May. Rugadh nighean bheag, Màili Ina, dhaibh air 30 Lùnastal.

Thugadh fa-near gun robh Màiri Sine Chaimbeul air a dreuchd mar Stiùiriche Cùrsa (Gàidhlig is Conaltradh) agus Àrd-òraidiche a leigeil dhì agus thugadh taing dhì airson 23 bliadhna de sheirbheis don Cholaiste.

2 GEÀRR-CHUNNTASAN

- 2.1 **CU15-02 (19/06/15):** Chaidh an geàrr-chunntas aontachadh.
- 2.2 **Comataidh Corporra (19/06/15):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.3 **Comataidh Sgrùdaidh (24/06/15):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.
- 2.4 **Comataidh an Ionmhais is na h-Oighreachd (28/08/2015):** Thugadh fa-near an geàrr-chunntas.

2.5 **Gnothaichean aq Èirigh:**

5.1 Aithisg a' Phrionnsapail: Cha deach cuireadh fhathast gu Ceannard na h-Èireann, Micheal D. Higgins a thadhal air a' Cholaiste. BR

8.6 Sàr Ghàidheil: Cha bhi e comasach do Chalum agus Ruairidh Dòmhnallach a bhith aig a' Cheumnachd. Chaidh aontachadh an urram a bhuileachadh orra a dh' aindeoin sin agus cothrom a thoirt dhaibh teachdaireachd a chur chun na Ceumnachd air DVD.

8.7 Òraid an t-Sabhail: Thug Donnie iomradh gun robh Nicola Sturgeon air aontachadh an Òraid a thoirt seachad nuair a tha i aig a' Cholaiste airson an togalach ùr fhosgladh air 21 Dàmhair.

3 **BALLRACHD**

Cha robh dad ri thogail a thaobh ballrachd.

4 **ÙIDHEAN**

Cha do nochd ùidhean.

5 **AITHISG A' PHRIONNSAPAIL**

5.1 **Aithisg a' Phrionnsapail:** Thugadh fa-near aithisg a' Phrionnsapail.

Thugadh fa-near gun robh cùisean nas fheàrr a thaobh Fàs Mòr agus thugadh taing do Shona NicIlinnein agus Seonaid NicLeòid airson an taic a tha iad a' toirt do Bhòrd Fàs Mòr. Chaidh fàilte a chur air Inge Birnie san dreuchd aice mar Mhanaidsear an ionaid.

6 **TAISBEANADH/DEASBAD**

6.1 **Aithisg Bhliadhnail Luchd-sgrùdaidh HMI:** Thug Scott Anderson bho Foghlam na h-Alba seachad taisbeanadh air an sgrùdadh bliadhnail a chaidh a dhèanamh sa Ghiblean. Thugadh fa-near gur e aithisg fìor mhath a bh' ann. Thig e gun robh obair ri dhèanamh a thaobh cheanglaichean le oileanaich agus thathas ag obair le OGE agus SPARQS a thaobh seo, agus cuideachd a thaobh ro-innleachd cho-ionannachd; tha Comhairle Maoineachaidh na h-Alba air taic a thabhann le seo. Bha cothrom aig na buill ceistean a chur agus puingeann a thogail. Chaidh luchd-obrach na Colaiste am moladh. Thèid an ath sgrùdadh a chumail sa Chèitean 2016 agus thug Scott iomradh air na cuspairean air am bi Foghlam na h-Alba a' toirt sùil. Thugadh taing do Scott airson an taisbeanadh.

6.2 **A' Chill Bheag**

(i) Buidheann Taigheadais: Chaidh a' chiad choinneamh den Bhuidheann Taigheadais a chumail air 28 Lùnastal. Chaidh aontachadh aig a' choinneimh sin gum bu chòir dà bhuidheann a bhith ann; aonan a' coimhead air poileasaidh cànan agus aonan air poileasaidh taigheadais. Bidh aithisgean bhuaibh a' tighinn gu coinneimh a' Bhùird san t-Samhain.

6.3 **OGE**

(i) Companaidh Seirbheisean Co-roinnte OGE: Thugadh fa-near dreach dòighean-riaghlaidh a' chompanaidh a bhios a' gabhail seirbheisean co-roinnte OGE os làimh. Thug Boyd iomradh air freagairtean a fhuair e bho Alun Hughes do cheistean àraidh a bha air èirigh ann an deasbadan aig a' Cholaiste. Chaidh co-dhùnadh ballrachd a ghabhail sa chompanaidh USSL airson seirbheisean bunaiteach.

(ii) Aonta Co-phàirteachais Acadaimigich Ùr: Thugadh fa-near dreach aonta ùr eadar OGE agus na com-pàirtichean agus am pàipear air na h-adhbharan air a shon. Bha dragh air na buill mun ìre a' dh'fhaodadh a' Cholaiste a bhith air a riaghladh leis an Oifis Gnìomh agus a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith ann, mar eisimpleir, mu bhith gabhail ri poileasaidhean OGE, a bharrachd air a' bhuaidh air fèin-aithne na Colaiste. Bha am Bòrd cuideachd mothachail air a' bhuanachd a tha air a bhith ann don Cholaiste a bhith na pàirt de OGE. Feumaidh a' Bhòrd co-dhùnadh a dhèanamh; chan urrainn OGE aonta a sparradh air na colaistean. Chan eil clàr-ama ann aig an ìre seo. Chaidh aontachadh gum bu chòir Ruairidh Iain agus Aonghas MacLeòid suil a thoirt air an dreach aonta ùr agus an aonta bho 1997.

RIM/AML

7 **FOGHLAM AGUS RANNSACHADH**

7.1 **Aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim:** Thugadh fa-near aithisg Stiùiriche an Fhoghlaim.

Thug Iain Tormod iomradh air na h-àireamhan às ùr a thaobh oileanaich; cha deach an targaid a ruighinn ach tha cùisean fhathast ag atharrachadh leis gu bheil oileanaich air astar fhathast a' clàradh.

8 **IONMHAS AGUS RIANACHD**

8.1 **Barganachadh Pàigheadh Nàiseanta:** Thugadh fa-near dreach freagairt na Colaiste do Chomhairle Maoineachaidh na h-Alba a thaobh aonta nàiseanta air tuarastalan. Bha am freagairt a' togail air freagairtean cholaistean eile, leithid Newbattle Abbey, Colaiste na Gàidhealtachd an Iar agus Colaiste Shealtainn. Chaidh aontachadh leis an dreach, le moladh gum bu chòir iomradh a bhith ann a thaobh cànan agus suidheachadh sònraichte na Colaiste. Thugadh fa-near gun robh a' Cholaiste gu bhith tabhann àrdachadh 1% am-bliadhna.

BR/SNI

9 LEASACHADH, NA H-EALAIN AGUS PRÒISEACTAN

9.1 **Aithisg an Stiùiriche Leasachaidh:** Thugadh fa-near aithisg an Stiùiriche Leasachaidh.

Thug Donnie iomradh air coinneamhan a chaidh a chumail leis an Riaghaltas a thaobh suidheachadh Tobar an Dualchais. Cha robh airgead ann ach gu deireadh na mìos seo. Chuir Ailig Salmond coinneamh air dòigh leis na ministearan agus na seirbhisich chatharra agus bha e fhèin an làthair cuideachd, a' cumail taic ris a' phròiseact. Dh' aontaich an Riaghaltas taic-airgid a chumail ris gu Mart 2016 agus airson còig bliadhna às dèidh sin, tha iad deònach taic a chumail ris fhad 's a thèid oidhirp a dhèanamh maoinachadh co-ionann fhaighinn bhon roinn phrìobhaideach. Tha Mgr Salmond gu bhith cuideachadh le seo agus tha e cinnteach gun gabh an leithid a dhèanamh. Chualas gun robh an t-ionad ann an Uibhist air tagradh a chur a-steach airson stuthan a chur ann an cruth didseatach do RTE ann an Èirinn. Bhiodh luach mu £100,000 sa chùmhnannt. Thathas an dòchas fios fhaighinn mun tagradh ro dheireadh na mìosa.

Thugadh taing do Donnie airson na tha e air a bhith dèanamh as leth Tobar an Dualchais.

Chaidh cuireadh a thoirt don Cholaiste tagraidhean a chur a-steach airson maoinachadh mar phàirt den City-Region Deal, airgead a tha Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte a' tabhann airson leasachadh. Bha tagraidhean na Colaiste airson maoinachadh airson leasachadh Àrainn Ostaig, goireasan spòrs agus àiteachan-fuirich oileanach. Tha na tagraidhean sin a-nis air a' gheàrr-liosta a chaidh gu Riaghaltas an h-Alba airson meòrachadh orra.

10 GNOTHACHAN IOMCHAIDH SAM BITH EILE

Cha robh gnothaichean iomchaidh sam bith eile ann.

11 CEANN-LÀ NA H-ATH CHOINNEIMH

11.1 **Ceann-là na h-Ath Choinneimh:** Thèid an ath choinneamh a chumail air 27 Samhain ann an Inbhir Nis

11.2 **Dreach Chlàr-ama Choinneamhan 2016:** Chaidh aontachadh ris an dreach chlàr-ama airson na h-ath-bhliadhna.

Sgaoil a' choinneamh aig 3.45f